

DEASBAD NÀISEANTA NAN ÀRD-SGOILTEAN 2015 AIR FÀIRE!

Le Deasbad Nàiseanta nan Àrd-sgoiltean 2015 air fàire, tha sgoilearan bho air feadh na dùthcha trang ag ullachadh mu choinneamh an fharpais chliùiteach seo. Tha fichead sgoil bho ochd sgoiltean deug a' gabhail pàirt ann am farpais na bliadhna seo. On a thòisich an fharpais tha i air a dhol bho neart gu neart agus tha an fhrpais a-nis air a faicinn mar aon dhe na tachartasan as fheàrr agus as tarraingiche ann am bliadhna acadaimigeach àrd sgoiltean na h-Alba.

Bidh cùisean a' tòiseachadh amàireach (3 Samhain) ann am prìomh oifisean na Comhairle agus Diciadain (4mh) anns An Lanntair ann an Steòrnabhagh. Tha beagan de dh'atharrachadh air cruth na farpais am bliadhna seo agus gach sgioba a' faighinn dà chothrom deasbad thairis an dà là. Tha fàilte chridheil air daoine a thighinn gu seòmar deasbaid na Comhairle ann an Steòrnabhagh airson an deasbairreachd a' tòiseachadh aig 1f agus a-rithist aig 6.30f. agus a-rithist air an Diciadain far am bidh an dàrna cuairt a' tòiseachadh san Lanntair aig 10m. agus a-rithist aig 2f. 'S iad na ceithir sgiobaidhean le na comharran is àirde thairis an dà là a thèid troimhe gu na cuairtean deireannach ann an Dùn Èideann. Bidh a' chuairt dheireannach a' tighinn thugaibh beò, bho Pàrlamaid na h-Alba, air BBC Radio nan Gàidheal air Diciadain 25 Samhain.

Thuirte Cathraiche Comataidh Rianachd Deasbad Nàiseanta nan Sgoiltean Ghàidhlig, Calum Iain MacLeòid:

“Mholainn do neach sam bith a dhol a dh' èisteachd ri Deasbad 2015 agus taic a thoirt dhan òigridh. Gach bliadhna tha sinn a' faicinn deasbadaan a tha air leth tarraingeach – a tha na dheagh thaisbeanadh air na sgilean làidir a tha aig sgoilearan ann an conaltradh agus deasbad. Tha mi airson taing mhòr a thoirt do na luchd maoineachaidh againn As aonais an taice sin cha bhiodh e air a bhith comasach dhuinne an tachartas seo a chumail am bliadhna seo.”

NATIONAL SCHOOLS GAELIC DEBATE 2015

With the 2015 National Schools Gaelic Debate beginning tomorrow, students across the country are busy preparing for this prestigious competition. Twenty teams from eighteen schools will be taking part in this year's competition. Since its inception the competition has gone from strength to strength and is now seen as one of the highlights in the academic calendar of Scotland's secondary schools.

The competition begins tomorrow, Tuesday (3rd November) at the main Council building in Stornoway with the first round of debates starting at 1pm and again at 6.30pm. The second round will take place in An Lanntair on

Wednesday the 4th starting at 10am and 2pm. The four teams with the highest points will progress to the semi-final stages which will take place in Edinburgh at the end of November. The final will be broadcasted live from the Scottish Parliament on Wednesday the 25th of November.

Chairperson of the BT Scotland National Gaelic Schools' Debate Management Committee, Calum Iain MacLeod, commented:

"I would actively encourage members of the public to go along and support the 2015 Debate. Through the course of the first two rounds in Stornoway we see some excellent debates – a showcase of the strength of the debating and communication skills of our Gaelic speaking youngsters. I would like to express our gratitude to all the funders of the competition, without that support the competition would simply not have been able to go ahead this year".